

Bìoball airson na Cloinne

A'cur fan comhair

Ìosa a' taghadh dusan luchd-cuideachaidh



Sgrìobhte le: Edward Hughes

Dealbhan le: Byron Unger; Lazarus
Alastair Paterson

Eadar-theangaichte le: E. Frischbutter; Sarah S.

Air eadar-theangachadh le:
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill

Dèanta le: Bible for Children
www.M1914.org


©2025 Bible for Children, Inc.

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh,
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.

Rinn Ìosa rudan mìorbhaileach. Shlànaich e tinneasan, thug e sìth do dhaoine a bha a' faireachdainn troimh-a-chèile agus dh'innis e Facal Dhè.




Thàinig slugh mòr gu Ìosa airson cuideachadh is slànachadh. Cho-dhùin E dusan dhaoine a thaghadh bho A luchd-leanmhainn, gus A cuideachadh Na obair do Dhia.



3

Ma tha roghainn chudromach agad ri dhèanamh am bi thu ag ùrnaigh do Dhia? Sin a rinn Ìosa. Ann an àite sàmhach sna beanntan bhruidhinn E ri Athair ann an Nèamh. Rinn Ìosa ùrnaigh gus an deach a' ghrian fodha.



4

Rinn Ìosa ùrnaigh fad dorchadas na h-oidhche.




5

Sa mhadainn, chruinnich Ìosa a luchd-leanmhainn - na caraidean uile a bha ga cuideachadh agus ga leantainn. Bhuapa thagh e dusan a bhiodh nam prìomh luchd-cuideachaidh, no abstolan, Dha.



6

B' e bràithrean a bh' anns a' chiad dithis a thagh e, Simon Peadar agus Anndras. Bha aca rin obair mar iasgairean fhàgail nuair a dh'iarr Ìosa orra A leantainn.



7

Dh'fhàg Seumas agus Eòin, mic Shebede, obair na h-iasgachd cuideachd.



8

Thagh Ìosa cuideachd Philip, Bartolemèus, Mata, Tòmas, Simon an Canànach, Seumas mac Alphaeus, Iùdas bràthair Sheumais agus Iùdas Iscariot, a bhiodh na nàmhaid do Ìosa an ceann greis.




9

Theagaisg Ìosa dhaibh gu robh dèanamh na bha Esan ag ràdh coltach ri taigh a thogail air bunait làidir. Cha b' urrainn do ghèile làidir an taigh sin a leagail.




10

Ach bha dol an aghaidh Facal Ìosa coltach ri taigh a thogail air bunait gainmhich. Nuair a thigeadh stoirm, thuiteadh an taigh.



11

Bha cuid de na rudan a dh'iarr Ìosa duilich a dhèanamh. "Ma bhuaileas duine do ghruaidh dheas, tionndaidh thuige do ghruaidh chli cuideachd," thuir E. "Bu chòir gràdh a bhith agaibh do bhur nàimhdean." Feumaidh daoine cuideachadh bho Dhia gus a bhith beò mar Ìosa.




12

Thuir Ìosa cuideachd ri daoine a bhith ag ùrnaigh gu prìobhaideach - seach a bhith ga shealltainn don h-uile duine mar a bha cuid de cheannardan creideimh a' dèanamh.



13

Thuir Ìosa gun toireadh Dia biadh is aodach do na daoine a chuireadh earbsa Ann. Bidh Dia a' toirt biadh do eòin is dathan àlainn do fhùraichean, agus faodaidh A dhaoine earbsa a chur Ann airson a h-uile càil a dh'fheumas iad.



14

Theagaisg Ìosa mòran rudan ùra do luchd-cuideachaidh ùr an latha ud. Nuair a bha e deiseil, thàinig lobhar thuige ag iarraidh air Ìosa a chuideachadh.



15

Fhreagair Ìosa an lobhar ag ràdh, "Nì mi sin. Bi glan." Fhad 's a bha an luchd-cuideachaidh a'

coimhead, chaidh an lobhar a shlànachadh. Bha e slàn fallainn! Cha b' urrainn do dhuine ach Mac Dhè sin a dhèanamh. Thuig an luchd-cuideachaidh gu robh Maighstir mìorbhaileach aca.



16

Ìosa a' taghadh dusan luchd-cuideachaidh

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,
Am Bìoball, ri

Mata 4-7, Marcus 1, Lùcas 6

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."
Salm 119:130

17

A' Chrìoch

39

60

18

Tha sgeul a' Bhiobaill ag innse dhuinn mu ar Dia mhìorbhaileach a chruthaich sinn agus a tha ag iarraidh gum bi thu eòlach Air.

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh, ach tha gaol cho mòr aig Dia ort gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige, Ìosa, a bhàsachadh air Crois, agus a dh'fhulang airson nam peacaidhean agadsa. An uair sin thàinig Ìosa beò a-rithist agus chaidh E dhachaigh a Nèamh! Ma bhios tu a' creidsinn ann an Ìosa agus ag iarraidh Air do pheacaidhean a mhathadh, nì E sin! Thig E a thàmh annad an-dràsta, agus bidh tu beò còmhla Ris gu bràth.

Ma tha thu a' creidsinn gur e seo an fhìrinn, can seo ri Dia: Ìosa chaoimh, tha mi a' creidsinn gur Tusa Dia agus gun tàinig thu don talamh a bhàsachadh air mo sgàth, agus gu bheil Thu beò a-rithist. Thig nam bheatha agus maith dhomh mo pheacaidhean agus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus aon latha gun tèid mi a dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith gad leantainn agus a bhith beò air Do sgàth mar Do leanabh. Amen.

Leugh am Bìoball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha! Eòin 3:16

19